

Soirbheachadh

Àrd-amasan

Eaconamaidh

Foghlam

Fàs

Daoine Òga

Coimhearsnachdan

Lèirsinn

Prìomhachasan

Prionnsapalan

Plana Corporra

Cùramach

Dealasach

Cruthachail

Com-pàirteach

PLANA CORPORRA (2018–2022)

Fàilte

Tha an saoghal sa bheil sinn a' libhrigeadh ar seirbheisean ag atharrachadh. Feumaidh sinne cruth-atharrachadh a thoirt air ar dòighean-obrach gus an tèid againn air na seirbheisean air a bheil feum aig ar coimhearsnachdan a thoirt dhaibh agus gus an tèid againn air dèanamh cinnteach gun soirbhich le Earra-Ghàidheal is Bòd mar a bu chòir.

Tha dùbhlain nach beag romhainn – nas lugha ionmhais airson ar seirbheisean, tha an roinn phoblach na pàirt mòr den eaconamaidh againn, agus tha an sluagh againn sa chumantas air fàs nas sine.

Ge-tà, tha Earra-Ghàidheal is Bòd air aithneachadh mar aon de na sgìrean anns a bheil as motha de chothroman ann an Alba, agus tha àrd-amasan againn airson an ama ri teachd agus airson ar n-òigridh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.

Thèid againn air soirbheachadh le ar n-àrd-amasan agus tha am Plana Corporra seo a' mìneachadh gu soilleir mar a tha sinn a' dol a choileanadh ar n-amasan coitcheann còmhla ri ar luchd-compàirt.

Tha ar prionnsapalan nam bun-stèidh do gach rud a nì sinn agus tha sinn moiteil às ar luchd-obrach a tha Cùramach, Dealasach, Com-pàirteach agus Cruthachail. Tha na prionnsapalan seo a' toirt bunait dhuinn air an tog sinn agus sinn a' toirt cruth-atharrachadh air cùisean ann a dòigh a nì cinnteach gun dèilig sinn ris na dùbhlain a tha romhainn agus gun toir sinn seachad seirbheisean sàr-mhath air a bheil ar coimhearsnachdan is sluagh airidh.



An Comhairliche Aileen Morton
Ceannard Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid



Cleland Sneddon
Àrd-oifigear

1.0 Ar Lèirsinn

Tha Earra-Ghàidheal is Bòd na sgìre ann an Alba far am faighear àiteachan is daoine air leth agus cothroman don a h-uile duine gus soirbheachadh san ùine air thoiseach. Tha a' Chomhairle againn, còmhla ri ar Luchd-compàirt ann am Planadh Coimhearsnachd, air a chur romhpa dèanamh cinnteach

Gum bi soirbheachadh eaconamach Earra-Ghàidheal is Bhòid stèidhichte air Fàs ann an Àireamh an t-Sluaigh

2.0 Ar Cinn-uidhe

Coileanaidh sinn ar 6 builean agus nì sinn cinnteach gum bi Earra-Ghàidheal is Bòd na àite a roghnaicheas daoine airson Fuireach ann, Ionnsachadh, Obair agus Gnìomhachas

- Bidh an eaconamaidh ioma-thaobhach is soirbheachail
- Bidh bun-structair againn a bheir taic do dh'fhàs a mhaireas
- Bidh foghlam, sgilean is trèanadh a' toirt a' chothruim as fheàrr don a h-uile duine
- Bidh clann is òigridh a' faighinn nan cothroman as fheàrr tràth nam beatha
- Bidh beatha èasgaidh, fhallain is neo-eisimeileach aig daoine
- Bidh daoine a' fuireach ann an coimhearsnachdan nas sàbhailte is nas làidire

2.1 Ar Prìomhachasan

Thairis air an ath chòig bliadhna, 's iad na prìomhachasan aontaichte a th' againn a bhith a' dèanamh cinnteach:

- Gum bi na seirbheisean foghlaim againn a' frithealadh air feumalachdan ar n-òigridh uile is nan teaghlaidhean aca
- Gun dèan sinn am feum as motha as urrainnear de ar stòrais gus cur ris an eaconamaidh ionadail
- Gun toir sinn taic do shoirbheas agus mhath dhaoine agus choimhearsnachdan
- Gun neartaich sinn ar coimhearsnachdan is gun toir sinn barrachd cumhachd dhaibh
- Gum bi dachaigh ann don a h-uile duine, gun dèilig sinn ri bochdainn agus gun cruthaich sinn tuilleadh chothroman
- Gum bi coimhearsnachdan nas glaine againn a nì nas lugha cron air an àrainneachd
- Gun roghnaich daoine a bhith ag obair againn
- Gun cùm sinn rian ciallach air ar cuid ionmhais

2.2 Ar Dòighean-obrach

Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air cùisean aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid thairis air an ath chòig bliadhna, mar sin nì sinn na leanas:

- A' sìor shireadh dhòighean nas èifeachdaiche gus ar seirbheisean a libhrigeadh
- A' lorg is a' cruthachadh chothroman coimeirsealta

- Ag obair còmhla ri coimhearsnachdan is luchd-compàirt gus seirbheisean a libhrigeadh ann an dòighean ùra nuair as urrainnear agus a' brosnachadh choimhearsnachdan gu bhith a' gabhail barrachd uallaich air an son fhèin
- A' cruthachadh barrachd chothroman airson obair shaor-thoileach
- A' barantachadh sheirbheisean an àite a bhith gan libhrigeadh mar as iomchaidh

3.0 Ga Dhèanamh gu Ceart

Tha àite fìor chudromach aig ar luchd-obrach ann a bhith a' coileanadh ar plana corporra agus tha sinn a' gabhail ris gum feum sinn saoghal obrach freagarrach a chruthachadh feuch an urrainn dhaibh ar seirbheisean riatanach a libhrigeadh is a leasachadh. Tha ar Ro-innleachd airson Daoine agus plana airson Sgioba-obrach Corporra ag innse ann am barrachd doimhneachd mar a nì sinn seo. Bidh ar seirbheisean taice a' cuideachadh ar seirbheisean riatanach airson dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh ar dleastanasan gu ceart airson ar coimhearsnachdan is sluagh, agus mar sin bheir sinn taic do ar prìomhachasan le bhith:

- A' dèanamh cinnteach gu bheil structar is siostaman againn a nì cinnteach gu bheil ìrean-coileanaidh fìor àrda aig a' Chomhairle
- A' cur ri saoghal obrach taiceil na Comhairle agus a' dèanamh cinnteach gun cùm daoine orra a bhith a' roghnachadh a bhith ag obair dhuinn
- A' cumail rian teann air ar stòrais is goireasan, agus a' co-roinn thogalaichean is ghoireasan mar as iomchaidh
- A' dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean, eòlas is dòighean-giùlain aig ar luchd-obrach a chuidicheas le bhith a' coileanadh ar cinn-uidhe san latha an-diugh agus san ùine air thoiseach
- A' conaltradh ri, a' sireadh bheachdan bho agus ag obair còmhla ri ar luchd-cleachdaidh, coimhearsnachdan is luchd-compàirt
- A' toirt seachad sàr sheirbheisean is sàr dhòighean conaltraidh do ar luchd-cleachdaidh
- A' dèanamh cinnteach gum bi cothroman co-ionann ann don a h-uile duine agus a' cuideachadh gus saoghal seasmhach a thoirt gu buil.

4.0 Measadh air Soirbheachadh

Chan e a-mhàin gu bheil am Frèam Coileanaidh is Leasachaidh (FCL) againn a' measadh ar n-obrach, ach tha e cuideachd a' dèanamh tomhas air buaidh builean na h-obrach againn. Air feadh ar Builean Ro-innleachdail, ar Builean Gnothachais agus ar builean fa leth, tha ar sùil daonnan air an diofar a nì iad.

Tha am FCL againn a' stèidheachadh frèam-measaidh leis an tèid sgrùdadh a dhèanamh, le ar n-àrd luchd-stiùiridh is comhairlichean, air mar a tha sinn a' coileanadh ar prìomh chinn-uidhe. Aig ìre ro-innleachdail bidh ar Comataidhean Ro-innleachdail a' sgrùdadh coileanadh ar n-obrach, agus bidh ar Comataidhean Sgìreil a' dèanamh sin aig ìre ionadail. Tha dleastanas cudromach aig a' Chomataidh Sgrùdaidh, a bhios a' coinneachadh ceithir tursan sa bhliadhna, agus iad a' dèanamh sgrùdadh air mar a tha sinn a' coileanadh ar n-amasan ro-innleachdail.

Bithear a' dèanamh aithris air ar n-Ìrean Coileanaidh tro chairtean-sgòr a thèid a chleachdadh aig ìre nan diofar sgiobaidhean is seirbheisean, agus airson diofar Roinnean agus na Comhairle air fad. Thèid sùil a thoirt orra sin aig coinneamhan na Comhairle agus tha iad rim faotainn air làrach-lìn na Comhairle, www.argyll-bute.gov.uk/council-and-goverance/performance

Lèirsinn Choitcheann	Tha Soirbheas Eaconamach Earra Ghàidheal is Bhòid stèidhichte air sluagh a tha a' cinntinn						
Rùn na Comhairle	Earra-Ghàidheal is Bòd, far am bi daoine A' Còmhnaidh, Ag Ionnsachadh, Ag Obair agus Ri Gnìomhachas						
	Earra-Ghàidheal mo Roghainn, Earra-Ghàidheal Mo Ghràdh						
	Àite airson Còmhnaidh			Àite airson Ionnsachaidh	Àite airson Obair agus Gnìomhachais		Ga Dhèanamh Ceart
Builean Corporra	Beatha nas fhallainn is nas saoire aig daoine	Daoine a' còmhnaidh ann an coimhearsnachdan nas sàbhailte is nas treasa	Toiseach beatha na cloinne is na h-òigridh cho math 's a ghabhas	Cothroman don a h-uile duine ann am foghlam, sgilean is trèanadh	An eaconamaidh againn measgaichte is soirbheachail	Bun-structar a chumas taic ri fàs seasmhach	
Builean Gnìomhachais	Faodaidh a h-uile Duine Fiosrachadh agus Taic Fhaotainn	Dion is Taic Gan Toirt do na Coimhearsnachdan Againn	Taic Ga Cumail ri Daoine Òga Fo Chùram Tro Phàrantachd Chorporra Èifeachdach	Taic Ga Cumail ris a' Chloinn is an Òigridh Gu Lèir Againn gus an Coilean lad na Tha Comasach	Bidh Sinn a' Cumail Taic Ri Gnìomhachas, Obraichean is Cothroman Leasachaidh	Tha am Bun-Structar Againn Sàbhailte is Ullaichte Airson an Ama Ri Teachd	Tha Ar Cuid Obrach Èifeachdach a Thaobh Chosgaisean
	Taic, Dìon is Cothroman Gan Toirt Do Dhaoine gus an Dèan lad Taghaidhean Beatha Nas Fheàrr	Dìon is Spèis Gan Toirt don Àrainneachd Nàdarra is Thogte Againn	A' Coileanadh Feuman Taic is Beatha Na Cloinne is na h-Òigridh Againn agus an Cuid Theaghlaichean	Taic Ga Cumail ris na h-Inbhich Gu Lèir Againn gus an Coilean lad na Tha Comasach	Bidh Sinn a' Toirt Buaidh Air is a' Com-Pàirteachadh le Gnìomhachasan is Luchd-Poileasaidh	Tha Na Coimhearsnachdan Againn Nas Glaine agus Nas Uaine	Bidh Sinn a' Conaltradh is a' Co-Obrachadh le Luchd-Cleachdaidh, Luchd-Obrach is Com-Pàirtichean
	Bidh Roghainn aig Daoine de Sheòrsachan Thaighean Iomchaidh				Bidh a-Huile Duine a' Brosnachadh Earra Ghàidheal is Bhòid		Bidh Sinn a' Brosnachadh Ùr-Innleachdas is ag Ullachadh an Luchd-Obrach airson an Ama Ri Teachd
RIATANA-SAN	Dleastanas Sòiseo-Eaconamach, Co-ionannachd, Gàidhlig						
NA LUACHAN AGAINN	Caring, Committed, Collaborative & Creative Cùramach, Dealasach, Cruthachail agus Com-pàirteach						

Ar prionnsapalan: Cùramach, Dealasach, Cruthachail agus Com-pàirteach

www.argyll-bute.gov.uk

Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid,
Cille Mhoire, Ceann Loch Gilb,
Earra-Ghàidheal, PA31 8RT

Fòn: 01546 605522

Teacsa: 07860 023 933

Twitter: @argyllandbute

Facebook: /argyllandbutecouncil

YouTube: ArgyllandButeCouncil